

Gàidhlig 4 Nàiseanta Èisteachd Peata dìleas

Earrann èisteachd mu pheata dìleas.

B' e cù beag a bha ann am Bobaidh. B' e Abhag Sgitheanach no *Skye Terrier* an seòrsa coin a bha ann. B' e Bobaidh an caraid a b' fheàrr a bha aig fear Iain Glas, no Seann Seoc mar a bha daoine ann an Dùn Èideann eòlach air. B' e ciobair a bha ann an Seoc agus bhàsaich e ann an Dùn Èideann ann an 1858.

Chaidh Seann Seoc a thiodhlacadh aig Cladh nam Manach Liath ann an Dùn Èideann agus cha robh aig an tiodhlacadh ach an duine a fhuair lorg air Seoc, am fear-cladha agus Bobaidh fhèin. Bha sanas air geata a' chladh ag innse nach robh e ceadaichte do choin a thighinn a-steach dhan àite, ach a dh'aindeoin seo chùm Bobaidh faire air uaigh a mhaighstir fad 14 bliadhna.

Bha a h-uile duine san sgìre eòlach air Bobaidh. Thug an teaghlach aig Iain Traill, aig an robh Seòmar-ithe nam Manach Liath, biadh dhan chù bheag a h-uile latha aig uair feasgar. Ann an 1867 chaidh a thogail le fear-trusaidh nan con, a smaoinich gur e cù air chall a bha ann am Bobaidh. Ach, chuala Sir Uilleam Chambers, pròbhaist Dhùn Èideann, mu Bhobaidh agus shàbhail esan an cù. Cheannaich e cead-coin agus colar dha.

Nuair a bhàsaich Bobaidh, bha an naidheachd-bàis anns a' phàipear An t-Albannach air an t-seachdamh latha deug den Fhaoilleach 1872. Bha Bobaidh ainmeil ann an Dùn Èideann oir b' e saoranach Dhùn Èideann a bha ann.

Chaidh Bobaidh a thiodhlacadh ri taobh a mhaighstir ann an Cladh nam Manach Liath. Thog a' Bhana-bharan Burdett-Coutts tobar cloiche le ìomhaigh de Bhobaidh air a' mhullach faisg air a' chladh.

Anns na seasgadan, bha film ann mu dheidhinn Bobaidh agus a-nis tha Bobaidh ainmeil air feadh an t-saoghail.